SUAS LEIS A' GHÀIDHLIG

Cùl-fhiosrachadh

Gàidhlig na h-Èireann agus Gàidhlig na h-Alba

- Thathar an dùil gun tàinig a' Ghàidhlig **bho Èirinn gu Alba timcheall air 500AD**. Tha am facal 'Scot' (Albannach) a' tighinn bho *Scoti*, facal Laideannach airson cuideigin a bhiodh a' bruidhinn na Gàidhlig.
- Chruthaich na Scotia an rìoghachd Ghàidhlig **Dál Riata** ann an Earra-ghàidheal agus, beag air bheag, dh'fhàs an rìoghachd na bu mhotha gus an deach rìoghachd na h-Alba a chruthachadh.
- Ged a chùm iad ceanglaichean làidir le Èirinn, thòisich na Gàidheil ann an Dàl Riata air an cànan a leasachadh le faclan agus gnàthasan ùra a bha eadar-dhealaichte bho an caraidean taobh thall **Sruth na Maoile** (a bha a' leasachadh a' chànain aca fhèin aig an aon àm). Leis a sin, thàinig Gàidhlig na h-Alba gu bith!
- Bha uair ann far an robh **a' Ghàidhlig aig rìghrean na h-Alba** agus iad a' cleachdadh na Gàidhlig anns gach gnothach den rìoghachd. B' e an Rìgh Seumas IV (1473-1513) an rìgh mu dheireadh aig an robh a' Ghàidhlig.

Blàr Chùil Lodair, 1746

- Blàr eadar **na Seumasaich** agus **na Saighdearan Dearga**.
- Na Seumasaich a' sabaid airson nan Stiùbhartaich le **Teàrlach Eideard Stiùbhart** aig an stiùir.
- Na Saighdearan Dearga a' sabaid airson **Riaghaltas Bhreatainn** le Diùc Chumbarlainn aig an stiùir.
- Ghabh e àite taobh a-muigh Inbhir Nis aig Cùil Lodair air an **16mh den Ghiblean 1746**.
- Cha do mhair am blàr fiù 's uair a thìde ach chaidh **1600 duine** a mharbhadh, mu 1500 dhiubh nan Seumasaich.
- Às dèidh a' bhlàir, chuir an riaghaltas laghan ùr an gnìomh a ràdh nach robh e ceadaichte èideadh Gàidhealach m.e. **fèilleadh, tartan no breacan** a chosg tuilleadh. Dh'fhaodadh tu a dhol dhan phrìosan air a shon!
- Chaidh casg a chur air **claidheamhan is armachd eile**. Dh'ainmich iad a' phìob mhòr am measg ionnsramaidean cogaidh agus chaidh casg a chur oirre seo cuideachd.
- Thug Riaghaltas Bhreatainn cumhachd nan cùirtean agus an comas arm a thogail air falbh bho na cinn-cinnidh. Chuir seo **crìoch air siostam nan cinnidhean** a bha air a bhith air a' Ghàidhealtachd fad iomadh linn.
- Leis gun robh a' Ghàidhlig a' cumail na Gàidheil fa leth bhon chòrr den rìoghachd, bha iad a' feuchainn ri **toirt orra Beurla a bhruidhinn**.

fèisean nan Gàidheal · FEISCOIL · Creative Scotland / Alba Chruthachail · Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig · Scottish Government / Riaghaltas na h-Alba / gov.scot · The Highland Council / Comhairle na Gàidhealtachd · Argyll & Bute Council · William Grant Foundation

SUAS LEIS A' GHÀIDHLIG

Na Fuadaichean (mu 1750-1860)

- Bha mòran Ghàidheil ri **croitearachd** ann am meadhan an 18mh linn, le teaghlaichean a' fuireach agus ag obair air aon chroit fad ghinealaichean, air fearann a bha aca **air màl bhon cheann-cinnidh**. Bha cuid dhiubh air a bhith anns an aon dachaigh fad 500 bliadhna.
- Bha feadhainn de na cinn-cinnidh gu mòr airson leasachadh a dhèanamh air an fhearann airson airgead a bharrachd a dhèanamh a-mach à **clòimh-chaorach**. Gun mòran rabhaidh, thòisich iad air teaghlaichean a ghluasad às na taighean aca, gu tric sìos do na cladaichean far nach robh an talamh math airson rudan fhàs. Chaidh cuid an gluasad le **fòirneart is bagradh**, ach dh'fhàg cuid air an ceann fhèin airson a' bhaile mhòr no **eilthireachd** thall thairis gus cothroman eile a lorg.
- Thug na Fuadaichean **buaidh mhòr air àireamh-shluaigh na Gàidhealtachd** agus, leis a sin, air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a bha a' fuireach ann.
- Barrachd fiosrachaidh aig BBC Bitesize.

Achd an Fhoghlaim (Alba) 1872

- Thuirt an t-achd seo gun robh e riatanach gum biodh **gach pàiste eadar 5 agus 13 bliadhna a dh'aois** a' dol dhan sgoil.
- Cha robh iomradh sam bith air a' Ghàidhlig anns an achd. Mar sin, bhiodh aig na tidsearan ris na leasanan air fad a thoirt seachad anns a' Bheurla. Bha seo gu math duilich do phàiste a bhiodh a' tighinn dhan sgoil aig 5 bliadhna a dh'aois gun facal Beurla!
- Nam biodh iad a' bruidhinn sa Ghàidhlig, bhiodh iad air am peanasachadh, mar as trice le tàthas, fiù 's ged a bhiodh a' Ghàidhlig aig na tidsearan aca.
- Air sgàth 's an achd seo, bha eagal air mòran bho bhith a' bruidhinn na Gàidhlig am measg an caraidean-sgoile agus cha d' fhuair iad foghlam anns a' chànan aca fhèin.

Am Mòd Nàiseanta, 1891

- Chaidh an Comunn Gàidhealach a stèidheachadh anns an Òban ann an 1891 airson cultar nan Gàidheal a bhrosnachadh. Chaidh a' chiad Mhòd a chumail anns an Òban ann an 1892.
- An-diugh, 's e seachdain làn de dh'fharpaisean, chuirmean agus thacartasan Gàidhlig a th' ann agus e na dheagh chothrom do Ghàidheil a bhith a' cruinneachadh còmhla.
- Tha Mòdan ionadail cuideachd air an cumail air feadh na dùthcha tron bhliadhna.

Feisean nan Gaidheal · Feis Oil · Creative Scotland Alba Chruthachail · Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig · Scottish Government Riaghaltas na h-Alba gov.scot · The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd · Argyll & Bute Council · William Grant Foundation

Foghlam Gàidhlig anns an 20mh linn

- Chaidh **Sabhal Mòr Ostaig** a stèidheachadh ann an 1973 mar cholaiste na Gàidhlig. An-diugh 's e Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a th' ann an SMO.
- Ann an 1985, thòisich a' chiad chlas a bha ann am **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig** an sgoil ann an Inbhir Nis agus Glaschu. An-diugh, tha **còrr is 5,000 pàiste** anns an dùthaich ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig anns an sgoil gach latha.
- Ann an **Ceap Breatainn, Canada**, tha sgoil Ghàidhlig aca ann an Taigh Sgoile na Drochaide. Tha Colaiste na Gàidhlig thall an sin a' cumail chùrsaichean anns a' Ghàidhlig agus ann an ceòl Gàidhealach tron bhliadhna cuideachd.

Ceartas, 1981

- Buidheann-strì a chaidh a chur air bhonn ann an 1981. Chleachd iad dòighean neo-ainneartach (gun a bhith a' dèanamh cron air daoine) ann a bhith ag iomairt airson na Gàidhlig agus airson chòraichean do luchd na Gàidhlig.
- Pheant iad thairis air soidhnichean-rathaid air an robh ainmean-àite Beurla agus chuir iad ainmean-àite Gàidhlig ri feadhainn eile. Pheant iad sluagh-ghairmean air an rathad a leithid *Ceartas airson na Gàidhlig*.

Bilean Cànain

- **Achd na Gàidhlig 2005** – a' chiad lagh a chaidh a chur an gnìomh a bha gu dìreach ceangailte ri ath-bheòthachadh na Gàidhlig. Thuirt e gum biodh co-ionnanachd spèis aig a' Ghàidhlig ris a' Bheurla.
- **Achd nan Cànan Albannach 2025** – chaidh a' Ghàidhlig agus Albais a stèidheachadh mar chànain oifigeil na h-Alba. Bidh an t-achd seo cuideachd a' comharrachadh sgìrean sònraichte don Ghàidhlig gus an tèid aig an riaghaltas ri barrachd taic a chur ri ath-bheòthachadh a' chànain ann an coimhearsnachdan. Tron achd seo, faodaidh pàrantan sgoil Ghàidhlig ùr iarraidh anns an sgìre anns a bheil iad a' fuireach.

feisean nan Gaidheal · Feis Coil · Creative Scotland Alba Chruthachail · Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig · Scottish Government Riaghaltas na h-Alba gov.scot · The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd · Argyll & Bute Council · William Grant Foundation